Tha e na thlachd do Chomunn nan Còisirean innse gu bheilear a' cumail dà bhùth-obrach gus sgilean stiùirichean còisirean Gàidhlig a leasachadh. Fhuair taic-airgid airson nam bùthan-obrach bhon mhaoineachadh 'Tasgadh' aig Alba Chruthachail. Tha iad seo a' leanntainn air dà bhùth-obrach a chaidh a chumail leis a' Chomunn Ghàidhealach bho chionn trì bliadhna.

Thuir Dòmhnall MacLeòid, a tha na bhall de Chomunn nan Còisirean, "As dèidh dhuinn beagan rannsachaidh a dhèanamh, bha e follaiseach gun robh stiùirichean còisir a' cur fàilte air trèanadh is taic bho stiùirichean aig a bheil sàr eòlas, airson an cuid sgilean a leasachadh. Tha fhios nach eil e furasta neo dha-rìreabh, comasach do sgoiltean agus coimhearsnachdan còisirean a chumail a' dol neo a stèidheachadh mura h-eil na goireasan is eile aca. Tro na bùthan-obrach seo ge-ta, tha sinn airson taic a chumail riutha ann a bhith a' dèanamh seo."

Tha na bùthan-obrach fosgailte do stiùiriche còisir sam bith ach gu h-àraidh ag amas air stiùiriche còisir òigridh aig a bheil ùidh agus miann còisir a leasachadh neo a chruthachadh as ùr. Thèid a' chiad fhear a chumail anns an Ionad Spectrum ann an Inbhir Nis air an 24mh den Ògmhios bho 0930-1530, air a stiùireadh leis an neachd-ciùil agus stiùiriche Còisir an Òbain, Sileas Nic na Ceàrdaich. Thèid fear eile a chumail ann an Glaschu nas fhaide sa bhliadhna, air a stiùireadh le stiùiriche cliùiteach Cèolraidh Ghàidhlig Ghlaschu, Coinneach MacThòmais, 's thèid fiosrachadh a sgaoileadh mun seo nas fhaige air an àm. Cha bhi gach bùth-obrach a' cosg ach £25.

Thuir Coinneach MacThòmais, a bhios a' lìbhrigeadh a' bhùth-obrach an Glaschu, "Tha mi fhìn air a bhith an sàs ann an còisirean Gàidhlig fad bhliadhnichean mòra 's tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' cumail taic ris na stiùirichean agus a' toirt seachad beagan den t-eòlas a fhuair mi fhìn thairis air an àm sin. Aig a' cheann thall, tha sinn airson 's gun tig àrdachadh air àireamhan de chòisirean Gàidhlig san fharsaingeachd 's gu dearbh, bhiodh e math dhà neo trì chòisirean Gàidhlig eile fhaicinn stèidhichte air feadh na dùthcha."

Ma tha ùidh agaibh ann a bhith a' frithealadh nam bùthan-obrach seo, cuiribh fios gu Dòmhnall MacLeòid: donniemaroot@hotmail.co.uk, fòn. 07900 512 614.



Choir Conductor Workshops

The Association of Gaelic Choirs are pleased to announce the launch of two choir conducting workshops aimed at developing the skills of aspiring conductors of Gaelic choirs. The workshops have received funding support from Creative Scotland's 'Tasgadh' Fund and follow on from two similar workshops that were held by An Comunn Gàidhealach in 2014.

Donald MacLeod, a member of the Association of Gaelic Choirs said, "Following research carried out into what support Junior Gaelic choirs would most welcome, it was apparent that the provision of training from more experienced conductors was of most value. We know that not all schools and areas have the skills, time and resources to be able to keep their choirs going or start up new ones. However, through these workshops we hope to be able to support any school or community choir that wish to do so."

The workshops are open and aimed at Gaelic choirs in general but with an emphasis on current or any new, prospective conductors of Junior Gaelic choirs. The first workshop will be held in the Spectrum Centre in Inverness on 24th June from 0930-1530 and will be delivered by well-known musician and accomplished conductor of Oban Gaelic Choir, Sileas Sinclair. A second workshop will be held later in the year and led by the highly experienced and respected conductor of Glasgow Gaelic Musical Association, Kenneth Thomson, details of this will be distributed soon. Each workshop will cost just £25.

Experienced conductor, Kenneth Thomson, who will lead the Glasgow workshop, is looking forward to the prospect of working with conductors. Kenneth said, "I have been involved in Gaelic choral singing for a very long time now and I am thrilled to be able to get the chance to pass on some of my experience to other conductors. We, effectively, want to support Gaelic choral singing and it would be great to see another few Junior Gaelic choirs forming around the country."

If you are interested in attending either workshop, please contact Donald MacLeod: donniemaroot@hotmail.co.uk, tel. 07900 512 614.



Turas a Phatagonia

Chaidh na leanas a sgrìobhadh le Ailig Dòmhnallach, à Càrlabhaigh, Eilean Leòdhais, mu dheidhinn an turas a rinn e fhèin agus a mhac John bho chionn ghoirid, a-null gu Ameireaga a Deas. Bidh mòran agaibh eòlach air Ailig, a bha na Neach-gairm air Comhairle nan Eilean Siar airson iomadach bliadhna agus bha e cuideachd na Neach-gairm air Comataidh Mòd nan Eilean Siar ann an 2011. Tha sgeulachd air leth inntinneach aige.

Chaidh mi fhèin agus mo mhac, John, a-null a dh' Ameireaga a deas airson trì seachdainean aig toiseach mìos a' Mhàrt. Is e an adhbhar airson seo gur ann à ceann a deas Ameirigea, Patagonia a rugadh mi. Bha Estancia aig m'athar anns an robh còrr air dà fhichead mìle acair, agus seachd mìle caora. Bha e ann airson còrr air deich air fhichead bliadhna gus na dh'fhàg e ann an 1947 an uair a bhris a shlàinte. Is e Estancia Caledonia an t-ainm a bh'air an Estancia aige.

Bha mo phiuthair, an duine aice, mi fhìn agus Mòrag, mo bhean, thall ann an 2003 airson a' chiad uair bhon uairsin. Bha mi airson tilleadh ann aon uair eile agus mo mhac John a thoirt leam. Bha sinn air mòran charaidean a dhèanamh ann an 2003 agus bhon uairsin le feadhainn a thàinig a dh' Alba air làithean saora a thadhail oirnn.

Ghabh sinn itealan à Heathrow ann an Lunnainn gu Buenos Aires agus thug e trì uairean deug agus leth uair a thide ri dhol ann. Abair gun deach fàilte oirnn nuair a ràinig sinn oir bha Guillermo Santana MacKinlay cuir fàilte oirnn anns a' Ghàidhlig. Cò th' ann an Guillermo? 'S e duine uasal aig am bheil ùidh sònraichte anns a Ghàidhlig. 'S ann à Eilean Bhòid a bha a sheann seanair agus tha e air Gàidhlig ionnsachadh gu ìre augs gu bheil e ga teagasg agus tha e a' cumail sgoil oidhche 'sa Ghàidhlig. Chan e sin a-mhàin ach tha Còisir Ghàidhlig aige agus tha e an dùil an Còisir a thoirt gu Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018. Tha e a' cluich a' phìob mhòr a thuilleadh air an sin. Ghabh e ceithir latha bho obair airson bh' ur toirt mun cuairt Buenos Aires.

Chunnaic sinn bochdainn agus beartas anns a bhaile seo. Chunnaic sinn iomadach sealladh air toglaichean ainmeil mar an Casa Rosada, Plaza de Mayo agus an Galerías Pacifico. Chaidh sinn air cuairt bus agus cuairt air an Amhainn Plase ann am bàta. Bha sinn a' fuireach ann am flat a chaidh a thabhach oirnn le teaghlach a bhuineas do dh' Eilean Thiriodh air an robh eòlas aig m'athair agus mo mhàthair.

Fhuair sinn an uair sin cuireadh bho charaid a bha bhos anns an Dàmhair a dhol còmhla riutha gu Comodoro, faisg air 2000km gu deas. Thug sinn còig latha air an t-slighe. Bha Freddie agus Helena Allstadt eòlach air a h-uile àite oir bha e na cheannaiche cloimh agus fear reic leighisean bheathaichean. Thug iad dhuinn roghainn a dhol gu deas taobh an ear den rìoghachd neo ri taobh na h-Andes, beanntan Chile agus thuir sinn "taobh na h-Andes" oir bheireadh sin sinn gu Las Heras far an do rugadh mi agus an Estancia a bh' aig m'athar.

Airson a' chiad latha no dhà cha robh cnoc neo beinn rim faicinn ach mìle as dèidh mìle de raointean torrach leis a h-uile seòrsa de lus agus siol a' fàs ann. Mar a ghluais sinn gun iar bha sinn a' faicinn beanntan airson a' chiad uair agus abair gun robh iad breagha le sneachd air na mullaichean. Thog John còrr air mìle dealbh air an turas.

A Trip to Patagonia

The following report was written by Alex Macdonald, from Carloway, Isle of Lewis, which details a trip himself and his son John recently made to South America. Many of you will know Alex, who was Convener of Comhairle nan Eilean Siar for several years and was also the Convener for Mòd nan Eilean Siar 2011. His trip sounds very interesting indeed.

My son, John, and I travelled to the South of America at the beginning of March this year. The reason for our trip was that I was born in South America, in Patagonia. My father had an estancia there, which was 40,000 acres in size, with 7,000 sheep. He lived there for 30 years until he left in 1947 due to ill health. His Estancia was called 'Estancia Caledonia'.

My sister, her husband, my wife Morag and I went over for the first time in 2003. I wanted to return one more time along with my son John. We made many friends whilst over in 2003 and since then with those visiting Scotland.

We flew from Heathrow, London to Buenos Aires, a journey which took 13 hours. What a welcome we received when we reached, as we were met by Guillermo Santana MacKinlay, who greeted us in Gaelic. Who is Guillermo? A gentleman who has a great interest in Gaelic. His Great Grandfather came from the Isle of Bute. He learned Gaelic and is now so fluent that he teaches evening classes. Not only that, but he has also established a Gaelic Choir who he hopes to take over to the Royal National Mod in 2018. He is also a keen piper. He took 4 days off from his work to take us round Buenos Aires.

We saw poverty and wealth. We saw many amazing sights and famous buildings, such as the Casa Rosada, Plaza de Mayo and the Galerías Pacifico. We enjoyed a bus tour and a boat tour along the River Plate. We stayed in a flat that was offered to us by a family with Tìree connections, who knew my father and my mother.

We were then invited by a friend who had visited us last October, to go with them to Comodoro which was approximately 2000km south of Buenos Aires. The journey took us 5 days. Freddie and Helena Allstadt were familiar with many areas as he was a wool merchant and a veterinary supplies sales person.

They gave us a choice of travelling to the south eastern part of the country or towards the Andes, towards the mountains of Chile and we both said "towards the Andes", as this would take us to Las Heras where I was born and to the estancia my father had.



Estancia teaghlach Ailig



John agus Ailig le Guillermo agus a theaghlach

Bha sinn a' siubhal mu 400km a h-uile latha agus a' stad airson grèim bidhe mu mheadhan latha agus aig taighean òsta air an fheasgar. Bha biadh air leth ri fhaotainn le feòil mart neo chaorach na phailteas. Ach obh, obh! Chan fhaca mi uiread a-riamh ga chur air truinnsear!

Bha sinn a' faicinn pumas, sionnaich, rheas, eich fiadhaich agus guanacos mar a bha sinn air an t-slighe.

Thàinig oirnn an rathad tanna fhàgail agus rathad morghan a ghabhail airson leth cheud mìle airson Estancia Caledonia a bh' aig m'athair a-ruighinn. Tha ainm ùr air a-nis, Sol de Mayo.

Bha e muldach ri faicinn nach robh duine air a bhi fuireach ann bho 1991 nuair a spreadh Volcano Hudson ann a Chile agus chaidh a sprùilleach air feadh grunn cheudan de mhiltean agus b' fheudar na caoraich a thoirt air falbh. Tha mi den bheachd nach tèid a chleachdadh tuilleadh airson àrach chaorach ged a tha an talamh a-nis air ais mar a bha e. Chan eil uidhir de chaoraich ann am Patagonia 's a b' àmhaist bhon a tha mòran ola ga fhaighinn a-nis agus tha e doirbh daoine fhaighinn a dh'obraicheas air na h-Estancias. Tha mòran a bharrachd airgead ann an obair na h-ola. Tha òr cuideachd ga fhaighinn agus tha companaidhean eadar-nàiseanta air grunnan de na h-Estancias a cheannach na measg am fear a bh' againne.

Chunnaic sinn an seann dachaidh againn, na toglaichean a bha mun cuairt air, far am biodh na h-eich, na faingean, an amar, àite fuirich an luchd-obrach agus eile. Bha e math fhaicinn airson an turas mu dheireadh agus 's ann le cridhe trom a dh'fhàg mi e ach bha mi toilichte gu faca mo mhac John e. Chaidh sinn gu baile Las Heras an uairsin. 'S ann ann a rugadh mi agus chaidh sinn a shealltainn air na daoine a tha air fhàgail aig an robh cuimhne air an teaghlach againn. Abair gun deach fàilte oirnn le pògan agus tiodhlacan. Nuair a bha sinn ann thàinig fios bho 'Mayor' a' bhaile a' toirt cuireadh dhuinn gu dìneir agus abair gun deach fàilte agus fiùghair a chur oirnn. Chaidh tiodhlacan a thoirt dhuinn agus rinn sinn agallamh leis an rèidio agus a' phàipear naidheachd. Bha farpais 'Beauty Queen' a' gabhail àite agus bha na farpaisich bòidheach ga rìreabh—theab sùilean John tuiteam as a cheann!

Thug sinn dà oidhche ann an Comodoro air aoi gheachd aig na Allstadts agus is iad a bha càirdeil rinn. Teaghlach air leth gasta.

Ghabh sinn itealan gu Rio Gallegos agus choinnich sinn ri Gem NicChoinnich a thug sinn mun cuairt ann an 2003. 'S ann à Airidh a Bhruthaich a bhuinneadh a seanair agus tha i beòthail agus làn dibhearsain. Bha i fhèin agus an duine aice Paul còmhla rinn airson ceithir latha agus thug iad sinn mun cuairt anns a chàr aca fhèin gu na seallaidhean as bòidheach san t-saoghal. Bha sinn a' fuireach ann an Calafate.



John le na Allstadts

For the first couple of days there were no hills or mountains to be seen, only miles and miles of fertile land with all kinds of plants and seeds growing. The further west we travelled, the more mountains we came across, beautiful scenery with snow on top of the mountains. John took over 1000 photos on our trip.

We travelled about 400km each day and would stop for a bite to eat around midday and at hotels in the evenings. There was a great selection of food, with an abundance of beef and lamb on offer. But my goodness! Never before have I seen so much food on a plate! We saw pumas, foxes, rheas, wild horses and guanacos on our journey.

We had to go off-road onto a gravel road for about fifty miles, to reach my father's Estancia, which was called Estancia Caledonia at the time but now has a new name, Sol de Mayo.

It was sad to see that nobody had been living there since 1991, when the Hudson Volcano erupted in Chile and the ash spread across hundreds of miles of land which meant the sheep had to be taken away. I do not believe that the land will ever be used for sheep again, even although the land is now as it used to be. There are no longer as many sheep in Patagonia as oil is now plentiful. It is difficult to get people to work on the Estancias. There is more money in oil. Gold can also be found there and international companies have been buying many of the Estancias, including the one we owned.

We saw our old house, the surrounding buildings where the horses used to be, the fanks, the staff accommodation and so on. It was great to see it one more time and it was with a heavy heart I left it, but I was pleased John saw it. We then went on to Las Heras. This is where I was born. We went to visit the few remaining people who knew our family. What a welcome we received and many gifts. We received an invitation from the Mayor of the town to a dinner where we were also made to feel very welcome and were given gifts. We were also asked to do an interview for a local radio station and newspaper. There was also a Beauty Queen pageant and the contestants were very beautiful. John enjoyed it!

We spent two nights in Comodoro as guests of the Allstadts who were very kind to us. Nothing was too much for them, a lovely family.

We then flew to Rio Gallegos and there we met with Gem Mackenzie, who showed us around during our 2003 trip. Her grandfather was from Airidhbhruach. A lively lady, full of fun. Gem and her husband, Paul, spent four days with us and drove us around some of the most beautiful scenery in the world. We stayed in Calafate.



Ailig, Gem NicChoinnich agus John

Chunnaic sinn am Perito Merino a tha ainmeil air feadh an t-saoghal, miltean de dheighe a tha a’dol air ais gu àm an deighe agus tha air tìr.

Chaidh sinn cuideachd don Phàirc Nàiseantachd gu Lago Argentina an loch is motha ann an Argentina. Chan e loch mara a th’ann idir agus tha ‘canaigean dheighe’ neo ícebergs’ oir. Thug an turas còrr is còig uairean a thìde agus bheir seo beachd dhuibh cho mòr agus a tha an loch.

Ghabh sinn turas gu baile El Chaltan a tha ri taobh a’ bheinn is àirde ann an ceann a deas Ameireaga aig aon deug mìle troigh. Is e Fits Roy an t-ainm a th’oirre.

Thill sinn as dèidh sin gu Buenos Aires air itealan a thug trì uairean a thìde air an astar. Tha sin a sealltainn cho mòr agus a tha Argentina.

Thachair sinn ri eòlaich ann an sin gu h-àraidh an teaghlach Bain à Gallaibh. Thàinig suas ri trì cheud duine teaghlaich a-mach bho na trìuir bhràthrean a chaidh a Phatagonia bho chionn còrr is ceud bliadhna. Thug an teaghlach dhomh mapa a chaidh a chlàradh ann a 1927 a sealltainn far an robh Estancia m’athar agus an ainm a bh’ aige air. Chaidh sinn gu biadh còmhla riutha agus còmhla ri Guillermo agus an teaghlach aige.

Dh’ fhàg sinn le deòir na’r sùilean. Bha iad cho coibhneil rinn. Thug Guillermo chun a’phort-adhar sinn, astar uair a thìde sa chàr aige agus leig e beannachd leinn anns a Ghàidhlig. Tha mi’ n dòchas gum faic mi e fhèin agus an Còisir aig Mòd 2018.

Tha mi den bheachd gum bidh cuimhne aig John air an turas seo gu bràth.

We saw the world-famous Perito Merino, miles of ice dating back to the ice-age.

We went to the national park to Lago Argentina, the largest loch in Argentina. It is not a sea loch and has ice bergs. The trip took five hours which gives an idea of how big the loch was.

We also visited El Chaltan, a town which is situated beside the highest mountain in South America, Fits Roy.

We then flew back to Buenos Aires, a journey of 3 hours, which shows how big Argentina is.

We met with good friends there the Bain family from Caithness. There are almost 300 descendants from 3 brothers who emigrated to Patagonia over 100 years ago. The family gave me a map from 1927 which showed my father’s Estancia with his name on it. We had several meals with the family and with Guillermo and his family.


We were tearful leaving with how kind everyone had been to us. Guillermo took us to the airport, an hour’s drive away, and he bid farewell to us in Gaelic. I hope to see him and his choir at Mod 2018.

I think John will remember this trip forevermore.



Pictured: Ailig with the town Mayor; some of the amazing views of the ice-bergs they saw; Mount Fitz Roy and below, John and Alex with one of the Beauty Queens.






Bidh sinn a' reic leabhraichean aig na Mòdan Ionadail ann an:


Dùn Èideann (12/05)
 Sruighlea (17/05)
 An t-Òban (02/06)
 Cille Bhrìde an Ear (03/06)
 Obar Pheallaidh (09/06)
 Glaschu (09/06)
 Loch Abar (10/06)

We will be selling books at the Local Mods in:

Edinburgh (12/05)
 Stirling (17/05)
 Oban (02/06)
 East Kilbride (03/06)
 Aberfeldy (09/06)
 Glasgow (09/06)
 Lochaber (10/06)



**COMHAIRLE NAN
 LEABHRAICHEAN**
 THE GAELIC BOOKS COUNCIL



Tha club leabhraichean ùr do sgoiltean aig Comhairle nan Leabhraichean, *Leum dhan Leabhar*.

Tha Comhairle nan Leabhraichean eòlach air na duilgheadasan a th' aig sgoiltean ann an sgìrean iomallach ann a bhith a' feuchainn ri leabhraichean Gàidhlig a lorg dha na sgoilearan aca. Tha an club seo a' toirt cothrom do sgoiltean a tha a' tabhann Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig sealladh fhaighinn air farsaingeachd de leabhraichean Gàidhlig, agus tha e a' brosnachadh leughadh airson tlachd am measg nan sgoilearan.

Tha *Leum dhan Leabhar* coltach ri clubaichean-leabhraichean eile ann an sgoiltean – bidh tidsearan ag iarraidh taghadh de leabhraichean Gàidhlig a ghabhas a thaisbeanadh aig tachartasan sònraichte, leithid fèisean, oidhche nam pàrant, no làithean fosgailte. Bidh sinn a' cur measgachadh de leabhraichean gu sgoiltean – ficsean agus neo-fhicsean – a bhios ag amas air aoisean eadar-dhealaichte, bho chròileagan gu àrd-sgoilearan. Faodaidh sgoilearan agus pàrantan leabhraichean a thaghadh agus òrdan a chur thugainn tron sgoil. Togaidh Comhairle nan Leabhraichean na bogsaichean as dèidh an tachartais agus cuiridh sinn na leabhraichean a chaidh òrdachadh air ais dhan sgoil cho luath 's a ghabhas.

Bidh Comhairle nan Leabhraichean a' dèanamh sgrùdadh air na leabhraichean a thèid a chur gu sgoiltean gu cunbhalach, gus a bhith cinnteach gum bi sgoiltean a' faighinn na tiotalan as ùire, air am bi na sgoilearan measail. Bidh sinn ag iarraidh air sgoiltean rabhadh mìos a thoirt dhuinn gus an tèid na leabhraichean a chur thugaibh ron tachartas.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn *Leum dhan Leabhar* no airson bogsa leabhraichean fhaighinn, cuiribh fios gu Shelagh Chaimbeul, Oifigear Reic is Margaideachd, aig shelagh@gaelicbooks.org no fòn gu 0141 337 6211.


The Gaelic Books Council has an exciting school book club, *Leum dhan Leabhar*.

The Gaelic Books Council is particularly aware of the difficulties that schools in more remote areas experience when trying to source Gaelic books for their pupils and the club gives Gaelic Medium schools access to a wide selection of Gaelic books and encourages reading for pleasure amongst pupils.

Leum dhan Leabhar (“jump into the book”) works in a similar way to other school book clubs – teachers can request a selection of new and bestselling Gaelic books to display and sell at special events such as book fairs, parents’ evenings or open days. We provide a range of fiction and non-fiction titles aimed at all age groups, from early years up to high-school pupils. The school takes orders for books from parents and pupils, the Books Council uplifts the inspection boxes and returns ordered books to the school.

The Gaelic Books Council constantly reviews book lists to ensure that schools receive the most relevant and up-to-date books in the inspection boxes. Schools are asked to contact the Gaelic Books Council at least a month before their event to ensure that the inspection boxes can be delivered on time.

For more information about *Leum dhan Leabhar* or to place an order for boxes of books, please contact Shelagh Campbell, Sales and Marketing Officer, at shelagh@gaelicbooks.org or phone 0141 337 6211.



COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

**OBAN
GAELIC
CHOIR**



Stòras

*Exploring the riches of
Argyllshire Bàrdachd*

Featuring guest artists:

Finlay Wells

Lorne MacDougall

Archie McAllister

Angus MacColl

Admission: £10.00
Conc./OAP: £8.00
Under 18: £5.00

Tickets from Oban Music
& Choir Members

**Thursday 8th June, 7.30pm
Corran Halls, Oban**



Taing don a h-uile duine a bha an lathair aig ‘Fèis Litreachais Acair @ 40’ anns An Lanntair, an Steòrnabhagh.

Many thanks to all who attended ‘Fèis Litreachais Acair @ 40: Celebrating 40 Years of Publishing’, in An Lanntair, in Stornoway.

Bha latha air leth againn, agus bha sinn cho toilichte gun robh cothrom againn na 40 bhliadhna a’ chomharrachadh anns an dòigh seo.

We had a fantastic day, and we are so happy that we could celebrate our 40 years in the publishing industry in this way.

Ceud taing do Fiona Rennie Photography airson na deilbh. Tha sinn an dòchas gun còrd iad ribh!

Many thanks to Fiona Rennie for the photos. We hope you enjoy them!







Leis gu bheil sinn a' comharrachadh 40 bliadhna de dh' fhoillseachadh leabhraichean chloinne, nach tòrr sibh sùil air na tha ri fhaighinn de leabhraichean cloinne Bookbug aig Acair air an làrach-lìn againn:

As we are celebrating 40 years of publishing children's books, why not take a look at our selection of Gaelic Bookbug children's books on our website:

www.acairbooks.com



Bha tachartas aig Acair bho chionn ghoirid airson comharrachadh an obair a tha iad air a bhith a' dèanamh le Bookbug thairis air nam bliadhnaichean.

Acair held an event recently to mark the work they have been doing with Bookbug over the years.

Nach iad a bha cho toilichte coinneachadh ri Mgr Bookbug!

The children were so excited that they got to meet Mr Bookbug himself!

www.acairbooks.com

Sgeama Preantas Chomhairle nan Eilean Siar

Thàinig leudachadh air an àireamh de phreantasan aig Comhairle nan Eilean Siar ann an 2016 le taghadh farsaing de chothroman agus theisteanasan. Chaidh iarraidh air roinnean sgrùdadh a dhèanamh air far am biodh preantasan nam buannachd agus airson dèanamh cinnteach gun robh sgilean agus eòlas luchd-obrach air a sgoileadh agus air a leasachadh gus taic a chumail riutha.

Nochd ùidh mhòr anns an sgeama agus, aig deireadh a' phròiseas, thòisich seachd duine deug san fhoghar 2016. Tha na preantasan air a bhith ag obair air diofar sheòrsa theisteanasan, a-rèir na h-obrach anns a bheil iad an sàs. Bha feadhainn a' dèanamh Teisteanasan SVQ, Teisteanas Adhartach, HNC's agus feadhainn dhiubh an sàs ann an Cùrsaichean Ceum.

Tha e-Sgoil air a bhith ag teis meadhan chùisean agus tha an teicneòlas a thathas a' cleachdadh a' ciallachadh gun urrainn dha na preantasan ionnsachadh aig astar agus tro mhodhan ùr-ghnàthach, gheibh iad taic agus comhairle bho luchd-eòlais bho air feadh na dùthcha. Cuideachd, tro e-Sgoil, tha gach preantas a' faighinn leasan Ghàidhlig gach seachdain airson na sgilean cànan aca a leasachadh.

Tha preantasan 2016/17 a-nis air a bhith anns an sgeama fad shia mìosan agus tha iad air a bhith ag obair cruaidh, an dà chuid nan obair làitheil ach cuideachd airson nan teisteanasan aca faighinn.

Tha program preantas 2017/18 a-nis ullachte agus tha leudachadh air an àireamh de chothroman a tha Comhairle nan Eilean Siar a' tabhann. Airson a' chiad turas, bidh a' Chomhairle ag obair ann an com-pàirteachas ris a' roinn phrìobhaideach. Bidh còig preantasan ag obair eadar a' Chomhairle agus MG Alba agus iad a' faighinn trèanadh farsaing anns na h-ìomadh Mheadhnan.

Tha Comhairle nan Eilean Siar air leth toilichte a bhith ag obair ann an am com-pàirteachas le buidhnean eile agus leudachadh a thoirt air na cothroman greis gnìomhachais a gheibh na preantasan gus dèanamh cinnteach gu bheil iad deiseil airson saoghal na h-obrach.

Bidh cothroman anns na roinnean a leanas ann an 2017/18:

Leasachadh Coimhearsnachd
Luchd-taic Cànan (Bun-sgoiltean)
Stòras Daonna
Foghlam A-Muigh
Càradh Rathaidean
Obair Shòisealta
Spòrs agus Fallaineachd
Riaghladh Stòras Seasmhachd



Roinn:	Foghlam agus Seirbheisean Chloinne
Preantasachd:	Obair Shòisealta
Preantas:	Ceitidh NicEanraig
Teisteanas:	BA (le urram) Obair Shòisealta

Bha Ceitidh air trì bliadhna a chur seachad ag obair ann an suidheachadh Cùram Shòisealta mus do thòisich i air an sgeama. Bha i gu mòr airson gluasad air ais dhachaigh, dha na h-Eileanan an Iar, agus thug an sgeama seo an dearbh chothrom a bha sin dhi.

Bha Ceitidh air àite fhaighinn aig Oilthigh Raibeart Gòrdan airson ceum a dhèanamh, làn ùine, ach leis an sgeama dh'fhaodadh i a bhith aig an taigh a' cosnadh agus a' faighinn eòlas obraich agus an ceum a dhèanamh aig astar.

Tha Comhairle nan Eilean Siar ag obair ann an com-pàirteachas le Oilthigh Raibeart Gòrdan gus an ceum seo a libhrigeadh.

Thuir Ceitidh: *“Tha am preantasachd seo a' còrdadh rium gu mòr, gu ruige seo, agus tha mi a' faighinn eòlas air leth tro bhith ag obair còmhla ri Obraichean Shòisealta ann an sgioba Clann agus Teaghlaichean. Tha am manaidsear agam air a bhith taiceil dhà-rìribh le ceistean sam bith a tha agam agus tha an luchd-obrach air fad air mo chuideachadh agus air mo mhisneachadh anns a h-uile pàirt den trèanadh. Tha mi a' coimhead air adhart gus tòiseachadh air a' chiad ghrèis gnìomhachais anns an Fhaoilleach 2017 far am faigh mi eòlas ann an seirbheisean nan inbheach – rud a bhios gu tur ùr dhomh”.*



Comhairle nan Eilean Siar Apprenticeship Scheme

Last summer saw the Comhairle widen its apprenticeship programme, exploring a variety of apprenticeships with a wider range of qualifications. Services were asked to identify areas where apprenticeships would be beneficial to ensure the skills and knowledge of staff was shared and developed. To ensure suitable accreditation was sought, the Apprenticeship Manager was tasked to go out to the market and source suitable ways of delivering these apprenticeships and now the Comhairle is using a range of training providers, including Further Education Colleges and Universities to deliver the apprenticeships and qualifications required to meet workforce plans.

Each apprenticeship went through a rigorous bespoke development process. While this required the Comhairle to, at times, set high qualification requirements to meet the accreditation routes for these apprenticeships, the level of interest demonstrated that there is significant demand within the community for these opportunities. Applicants then went on to undertake the full Comhairle recruitment process, resulting in seventeen additional Comhairle apprenticeships.

To ensure all applicants followed the correct educational pathway the successful applicants went on to be matched to an academic route that met their entry qualifications. Although a number of the apprentices undertook an SVQ Qualification, others went on to working towards Advanced Diplomas, HNCs and Degree level qualifications.

The implementation of the e-Sgoil has been instrumental to the development and diversification of the apprenticeships the Comhairle are able to offer. The technology used within the e-Sgoil supports apprentices through distance learning and gives them access to mentoring and tutor support. It provides Gaelic learning and gives the apprentices a shared learning experience. The e-Sgoil provides a valuable route for small numbers of learners to access qualifications – it allows them to maximise the opportunities on offer.

The 2016/17 Comhairle Apprenticeship intake are now 6 months into their employment and are all working exceedingly hard both in the workplace and on their accreditation.

The apprenticeship programme for 2017/18 is set and this year will see further growth in the apprenticeship opportunities offered by the Comhairle. For the first time, the Comhairle will go out to jointly accredit apprentices with the private sector and will work in partnership with MG Alba to deliver five Multi-Media Opportunities, supporting the expansion of apprenticeships available locally.

The Comhairle is delighted to be working in collaboration with partner organisations as this provides greater opportunity for apprentices' to gain the range of work experience necessary for ensuring they are work ready.

2017/18 will see apprenticeship opportunities in new areas such as

Community Development
Gaelic Language Assistants
Human Resources
Outdoor Education
Roads Maintenance
Social Care
Sport and Health
Sustainable Resource Management



Department:	Education and Children's Services
Apprenticeship:	Social Work
Apprentice:	Katie Henderson
Qualification:	BA (Hons) Social Work
Employed:	Children and Families Department

Katie previously had three year's work experience in a Social Care setting before successfully applying for the Social Work Apprenticeship.

Katie was keen to relocate back to the Western Isles and this apprenticeship gave her the opportunity to train and work in the island she grew up in and had previously moved away from to enable her to follow her chosen career.

Katie had previously been accepted to Robert Gordon University to undertake the degree on a full time basis. To be more employable and save money, Katie decided to apply for the Social Work apprenticeship with the Comhairle in order to gain valuable work experience while undertaking the degree via distance learning.

As Katie's employer we are working in partnership with Robert Gordon University in the delivery of the Social Work Degree.

Katie comments on her experience: "I've really enjoyed my apprenticeship so far especially the first-hand experience I am getting by working alongside qualified social workers in the Children and Families team. My line manager is very supportive with any questions I have and he, the other social workers and social work assistants I work with have been so helpful and encouraging with training me for different aspects of the job. I am looking forward to my first placement which starts in January where I will get experience in adult services, which is an area that will be completely new to me."

Chuir buidheann-obrach a stèidhich Bòrd na Gàidhlig agus MG ALBA, Comataidh Comhairleachaidh Cànan, fàilte aig coinneimh o chionn ghoirid air grunn aithisgean-adhartais a fhuair iad bho LEACAG, pròiseact com-pàirteach, sa bheil diofar oilthighean an sàs, a tha ag amas air goireasan air-loidhne ùra a chruthachadh airson na Gàidhlig. 'S e a tha fa-near do na goireasan sin Gàidhlig dhùthchasach is nàdarra a bhrosnachadh am measg dhaoine a tha an sàs ann an diofar raointean, leithid foghlaim, nam meadhanan agus foillseachaidhean foirmeil. Chuala a' chomataidh mun ath ìre de phròiseact gràmair far am bi LEACAG a' gabhail comhairle bho choimhearsnachdan air na dòighean gnàthach sam bi Gàidheil a' bruidhinn is a' sgrìobhadh Gàidhlig.

Chaidh a' chomataidh a chur air chois an-uiridh agus 's i Jo NicDhòmhnaill, a bhuineas do Nis ann an Leòdhas bho thùs, an Cathraiche. Cuideachd air a' chomataidh tha Ailean Caimbeul (An t-Eilean Sgitheanach), Catriona Chaimbeul (Uibhist a Deas), Iain MacDhòmhnaill (Griomasaigh), Donnchadh MacGuairne (Muile), Ruairidh MacIlleathain (A' Chomraich), Dòmhnall Moireasdan (Leòdhas), agus Catriona Mhoireach (Na Hearadh). Chaidh na buill uile a mholadh air sàillibh an eòlais a th' aca air a' chànan, dualchas na Gàidhlig agus iomadh raon eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

Mar phàirt den chiad ìre den phròiseact seo, thathar ag amas air stiùireadh gràmair a chruthachadh agus thèid dòighean-obrach soilleir a stèidheachadh gus briathrachas ùr aontachadh agus a sgaioleadh.


Tha muinntir na Gàidhlig den bheachd gum bu chòir prìomhachas a thoirt don dà leasachadh sin, a rèir rannsachadh a chaidh a dhèanamh do Bhòrd na Gàidhlig a-cheana. Sheall an rannsachadh gu soilleir gun robh daoine bho dhiofar choimhearsnachdan a' miannachadh gum biodh daoine aig an robh Gàidhlig mar chiad chànan aig teis-meadhan na h-obrach gus an cànan a thoirt air adhart.

At a recent meeting, the Language Advisory Committee (*Comataidh Comhairleachaidh Cànan*), a working group established by Bòrd na Gàidhlig and MG ALBA, welcomed a number of progress reports from LEACAG, an inter-university project developing new online resources for the Gaelic language. These resources are aimed at promoting the use of natural, idiomatic Gaelic, in such fields as education, media and formal publications. The committee heard about the next stage of a grammar project which will see LEACAG taking advice from communities on usage by traditional Gaelic speakers.

The committee, chaired by Jo MacDonald, originally from Ness in Lewis, was set up last year. Other members include Allan Campbell (Skye), Catriona Campbell (South Uist), Ian MacDonald (Grimsay), Duncan MacQuarrie (Mull), Ruairidh Maclean (Applecross), Donald Morrison (Lewis) and Catriona Murray (Harris). Members of the group were all nominated on the basis of their traditional knowledge and breadth of experience.

The initial stages of the development include a grammar reference and also the creation of a clear mechanism for assessing and disseminating new terminology.

Both developments have been identified as priorities by the Gaelic community in research carried out for Bòrd na Gàidhlig. The research clearly highlighted the desire from different communities that first-language Gaelic speakers be an integral part of the language development agenda.



Fèis Obar Dheathain @ may FESTIVAL 2017



Didòmhnaich / Sunday 28 May 2017 Festival Marquee, University of Aberdeen

Fèis Bheag (Wee Fèis)

10 – 11am | Suitable for ages 5 – 7

Thigibh agus nach fheuch sibh cuid den a' spòrs a tha an lùib na Fèise Bige. Eadar òran-cleas no dhà, geamaichean gu leòr agus cleasan-ciùird, bidh am pailteas ann a shàsaicheas sibh.

Come along and try out some fun activities you could do at a Fèis Bheag. You will sing some Gaelic action songs, play games and do some fun craft activities.

Ceol agus Spòrs (Music and Fun)

12 – 1pm | Suitable for ages 0 – 5

Thigibh còmhla rinn airson seisean làn cheòl agus fealla-dhà don fheadhainn bheaga, le Gàidhlig aig cridhe ar cleasachd.

Join us for some music and fun for wee ones with a Gaelic focus.

Fèis Mhòr (Big Fèis)

2 – 4pm | Suitable for ages 8+ (adults welcome!)

Ionnsaichidh sibh dannsa-ceum, sin agaibh dannsa tradiseanta a tha dualach do dh' Alba. Ionnsaichidh sibh òrain Ghàidhlig agus cuideachd drumaireachd 's le sin faodaidh sibh brag a thoirt air druma fhad 's a tha sibh ri seinn nan òran!

You will learn some step dancing, which is a traditional form of dancing native to Scotland. You will learn some traditional Gaelic songs and some drumming so that you can play the drums in time with a song.

Chan fheum Gàidhlig a bhith agad airson a bhith an lùib spòrs seo. 'S ann a dh' ionnsaicheas tu facal ùr no dhà anns a' Ghàidhlig.

All welcome: You don't have to be a Gaelic speaker to attend these events. We hope they will offer all participants the chance to learn new Gaelic words.

All events are free but booking is essential:

www.abdn.ac.uk/mayfestival Aberdeen Box Office: **01224 641122**



Tha Fèisean nan Gàidheal a' faotainn taic bho na buidhnean seo | Fèisean nan Gàidheal is supported by the following bodies





LOCH ABAR 2017

An robh fios agaibh gu bheil làrach-lìn aig Comataidh Mòd Ionadail Loch Abar? Gheibhear fiosrachadh a thaobh àitichean-fuireach, tachartasan agus dòighean far am b' urrainn dhuibh an cuideachadh.

Did you know that the Lochaber Local Organising Committee have their own website? You will find lots of information including updates on available accommodation, events and ways that you can get involved in this year's Royal National Mòd.

www.modlochabar.com

Feumaidh sinn taic! We need you!

Tha Comataidh Ionadail Mòd Loch Abar 2017 a' lorg luchd-cuideachaidh a tha deònach taic a thoirt mar stiùbhardan aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair. Thèid am Mòd a chumail air 13-21 an Dàmhair am bliadhna.

Thèid fàilte air a h-uile duine fiù 's ged nach eil sibh saor ach airson leth-latha.

Ma tha ùidh agaibh ann a bhith nur stiùbhard, cuiribh fios gu:
lochabar2017@gmail.com

Bhiodh e na chuideachadh mòr nam b' urrainn dhuibh am fios seo a' sgaoileadh fad is farsaing!

Whether you can donate your time for half the week or half a day we would be delighted to have you on board. The Mòd will run from Friday 13th of October to Saturday 21st of October.

If you are interested in stewarding for us please contact us at:

lochabar2017@gmail.com .

Even assistance for a half day would be welcome.

We would be very grateful if you could share this information far & wide!



Fèis Ghàidhlig Ghlaschu

Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu trang ag ullachadh son a' chiad thachartais aca ann an tri bliadhna. Às dèidh EGM soirbheachail, air an 20 Giblean 2017, chaidh comataidh ùr a stèidheachadh. Tha sinn air a' bhith trang ag ullachadh airson fèis a thèid a chumail air an deireadh-sheachdain seo a' tighinn (26-28 Cèitean) aig Bun-Sgoil Gleann Dail. Bidh an Fhèis, a tha fosgailte do sgoilearan le Gàidhlig, a' toirt cothrom sònraichte do dh'òigridh Ghlaschu na cuid sgilean cànan is ciùil a leasachadh le prògram farsaing, tarraingeach a bhios a ruith thairis air trì làithean.

After a three-year hiatus, Fèis Ghàidhlig Ghlaschu is set to make a return. This three-day festival of music and song will be held this coming weekend, 26th-28th May, at Glendale Primary School. It is hoped that this event will provide young people from the six Gaelic Medium Education schools across Glasgow with the chance to strengthen and develop both their musical and Gaelic language skills in a fun and informal environment.

We are currently completing a programme which will be printed and circulated amongst the large number of people who will attend our first Fèis of the year. There is a lightning sale on advertising in this programme available to you. Offer closes on Wednesday 24th May. This very special offer is a half-page ad for £30. and a full page ad for £50. There is limited availability so get in touch today!

Though the main focus of the event will be for Gaelic-speaking primary-aged pupils, Fèis Ghàidhlig Ghlaschu will also host a range of interactive sessions for pre-school children and their parents and a wider audience beyond the schools attending the three Gaelic song master classes for adults with expert tuition from Kathleen MacInnes, Mairi MacInnes and Anne Lorne Gillies, as well as a drop-in, Gaelic café and free language classes for beginners and advanced learners.

As well as the main fèis events, a cèilidh will also be held on the Saturday night (27th) in Glendale Primary School from 7-9pm, with the night's entertainment provided by the fèis' talented group of musical tutors.

For more information about the Fèis please email:
feisghaidhligghlaschu@gmail.org

To advertise in our programme please email your artwork to our marketing manager Catherine Tinney: catherine.tinney@btinternet.com

Half page = £30.00 - 90mm x 130mm
Full page = 184mm x 130mm

Family Ceilidh

Saturday 10th June 2017



Music and Dancing with

The Gary Sutherland Duo

And featuring Norrie MacIver

The Old Parish, Short Lane, Cupar

Tickets on the door

BYOB

No Spirits

Adult Ticket £10

Family ticket £30





A' toirt Gàidhlig thugaibh

Tha MG ALBA agus Young Films a' sireadh dhaoine le ùidh ann an cothrom trèanaidh mar stiùirichean air dràma a thèid a chlàradh anns an Eilean Sgitheanach.

Feumalachdan:
Gàidhlig fhileanta

Ceann-là airson Tagraidhean:
Diluain 29 Cèitean 2017

Agallamhan:
Diciadain 14 Ògmhios 2017 ann an Slèite san Eilean Sgitheanach

Eile:
Bidh an sgeama a' ruith airson 10 seachdainean bho mheadhan an Lùnastal. Bhiodh eòlas stiùiridh feumail.

Cuiribh cunntas-beatha agus cunntas goirid mu ur n-ùidh san trèanadh thugainn: sgeamatreanaidh@mgalba.com



A' toirt Gàidhlig thugaibh

MG ALBA and Young Films are looking for trainee directors to work on Gaelic drama filmed in the Isle of Skye.

Requirements:
Fluency in Gaelic

Application Deadline:
Monday 29 May 2017

Interviews:
Wednesday 14 June 2017, Sleat, Isle of Skye

Other:
The traineeship will run for 10 weeks, beginning mid-August. Previous experience in directing would be useful.

Please send a CV and a short outline of interest to:
sgeamatreanaidh@mgalba.com



Lorg obair ùr ann an saoghal na Gàidhlig le Obraichean Gàidhlig
Find a new job in the world of Gaelic with Obraichean Gàidhlig

Tadhail air / Visit: www.obraichean.co.uk

Obraichean
Gàidhlig



Tha cothroman ùra air èirigh tron t-seirbheis foghlaim Fèisgoil aig Fèisean nan Gàidheal.

Tha sinn a' sireadh dhaoine le Gàidhlig, eòlas air teagasg ann an suidheachadh sgoile no coimhearsnachd agus sgilean seinn, ciùil agus/no cleasachd, airson obair a ghabhail os làimh anns na prògraman a bhios sinn a' libhrigeadh ann an sgoiltean air feadh Alba.

Bidh trèanadh, taic le goireasan, tuarastal aig ìrean proifeiseanta agus cosgaisean siubhail ri fhaotainn. Ma tha sibh airson ùidh a nochdadh, no barrachd fhaighinn a-mach, cuiribh fios gu Eilidh NicChoinnich, Manaidsear Fèisgoil eilidh@feisean.org no 01463 225559.

Oidean a dh'ith

www.feisean.org



Bidh Sgoil Shamhraidh Dràma na bliadhna sa a' gabhail àite ann am Port Rìgh eadar 3 agus 15 Iuchar 2017 agus tha roghainn agad cur a-steach airson àite rè a' chiad seachdain a-mhàin no an ceala-deug air fad. Tha an Sgoil Shamhraidh Dràma fosgailte do dh'iarntasan bho deugairean a bhruidhneas Gàidhlig a bhios eadar 13 agus 18 aig àm na Sgoile.

This year's Sgoil Shamhraidh Dràma will take place in Portree between the 3rd and 15th of July 2017 and applicants have the choice of applying for a place during the first week only or the full fortnight. Applications from Gaelic speaking teenagers aged between 13 and 18 at the time of the School are welcome.

Tuilleadh | More Info: <http://www.feisean.org/en/gaelic-drama-summer-school/>





Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus cluicheadairean traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-chùram eadar-dhealichte. Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le

Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a cèilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



ceòlas

2-7 JULY | DALABROG, ISLE OF SOUTH UIST
WWW.CEOLAS.CO.UK 01878 700 154

Gàidhlig, Clàrsach, Fiddle, Song,
Piping, Step Dance, Playing for Dance



Scottish Charity: SC031179, Company No: SC216090

A-nis na 21mh bliadhna, tha sgoil-shamhraidh Ceòlas air a bhith a' dol bho neart gu neart. Thig oileanaich às gach ceàrnaidh den t-saoghal chun na sgoile, a tha air a cumail gach bliadhna san luchar ann an Dalabrog, Uibhist a Deas, airson ceòl agus dannsa dùthchasach ionnsachadh ann an coimhearsnachd fìor-Ghàidhealach.

Bithear a' tabhainn teagasg barraichte sa fhìob, air fìdheall, an òrain, dannsa agus Gàidhlig. Bidh prògram coimhearsnachd a' tachairt gach feasgar, a' gabhail a-steach chèilidhean, chuirmean agus chuirtean. Thig oidean à Ceap Breatainn, Canada, gach bliadhna agus iad nam pàirt cudromach den sgoil-shamhraidh a' riochdachadh diaspora mòr na Gàidhlig.

Bidh clasaichean gan ruith bho 9m – 3:30f Diluain gu Dihaoine le clàr de phrògraman air an fheasgair.

Now in its 21st year, the Ceòlas summer school is going from strength to strength. Students from across the globe will travel to take part in the summer-school, which takes place in July each year in Daliburgh, South Uist, to receive tuition in song and dance in a Highland community setting.

Tuition will be available in piping, fiddle, Gaelic song and dance. There will be a variety of evening events such as concerts, walks and so on.

Tutors from as far afield as Cape Breton, Canada join us each year and represent the large diaspora of the Gaelic language.

Classes will run from 9am until 3.30pm, Monday to Friday with a range of events in the evening.

raising confidence in Gaelic speaking

interactive - collaborative - cooperative

BUAN

gnìomhach - còmhla - co-obrachail

a' togail misneachd le bruidhinn na Gàidhlig

BUAN?

interactive

collaborative

cooperative

raising

confidence in

Gaelic speaking

ideal for former GME pupils and advanced learners
needing to reach fluency - an experience not a class

limited spaces - book now [facebook.com/daingeann](https://www.facebook.com/daingeann)

@ Comunn na Gàidhlig, 5 Mitchell Lane
Inverness - Inbhir Nis - an-asgaidh - free

all-day

3.6.17

9.30am - 4pm

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhaigh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

